

Tha Albannaich air a bhith ag eilthireachd, no a' fàgail na dùthcha aca fhèin gus tòiseachadh às ùr ann an dùthaich eile, airson ceudan de bhliadhnaichean. Aig diofar amannan ann an eachdraidh, tha Albannaich air a bhith ag eilthireachd gu diofar phàirtean den t-saoghal, agus tha feadhainn ga dhèanamh chun an latha an-diugh is iad a' lorg chothroman a bharrachd ann an àite eile. Tha e cumanta dha teaghlach Albannach càirdean a bhith aca ann an Astràilia, Canada, Sealan Nuadh, Na Stàitean Aonaichte, no ann an Sasainn agus an Èirinn.

B' e bochdainn prìomh adhbhar eilthireachd nan Albannach thar nan linntean. B' ann nuair a bu bhochda a bha suidheachadh an eaconamaidh a chite barrachd de dh'Albannaich a' falbh, gu h-àraidh san 19mh agus 20mh linn.

'S ann gu Ameireaga a Tuath, a dh'Astràilia agus gu Sealan Nuadh a chaidh a' mhòr-chuid de dhaoine. Anns an 18mh agus 19mh linn, chaidh iomadach Gàidheal fhuadach bhon cuid fearainn gus àite a dhèanamh do chaoraich, anns an robh barrachd prothaid. Uaireannan,



GÈAM

Cò as motha a gheibh ainmean-àite Albannach ann an Canada, Na Stàitean Aonaichte, an Astràilia agus ann an Sealan Nuadh?

dh'fheumadh na teaghlachan falbh air sgàth bochdainn; bhiodh na h-uachdarain daonnan a' cur an-àirde a' mhàil, agus nuair nach b' urrainn dhaibh pàigheadh, bheireadh na h-uachdarain bhuapa an cuid seilbh, no chuireadh iad chun na sitig iad. Cho-dhùin iad gun gabhadh iad an t-slighe chunnartach tarsainn a' Chuain Shiair gus dòigh-beatha nas fheàrr a shireadh. Bha an t-slighe fada le cus dhaoine air na bàtaichean, agus bhàsaich feadhainn is iad a' dèanamh an slighe tarsainn.

Bha eilthireachd bhon Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan aig a h-àirde anns na 1840an agus na 1850an. Cha robh uimhir de chosnadh ri fhaighinn bhon ghniomhachas ceilpe, agus nuair a dh'fhàillig am buntàta anns na 1830an agus a-rithist anns na 1840an, bha feagal a' ghoirt air iomadach duine. Thug cuid de dh'uachdarain air an luchd-màil falbh aig àm maslach air an tugar Fuadaichean nan Gàidheal.

Dh'fhàs eilthireachd na b' fhasa do na daoine bochda le Achd na h-Eilthireachd ann an 1851. Bha fiù 's comann air a stèidheachadh, Comann Eilthireachd na Gàidhealtachd 's nan Eilean, gus daoine a chuideachadh le ath-stèidheachadh an àite às ùr. B' ann aig an àm seo a dh'fhàg an t-uabhas de dhaoine eileanan na h-Alba, gu h-àraidh às an Eilean Sgitheanach, Muile, Leòdhas agus Uibhist. Bha lùghdachadh mòr ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig an Alba leis gun deach toirt air uimhir aca falbh.

B' ann a dh'Ameireaga a Tuath a chaidh a' mhòr-chuid de theaghlachan. Chaidh tòrr dhen chiad fheadhainn a chaidh a-null a Charolana agus an uair sin gu Ontario no Alba Nuadh ann an Canada. Bha iomadach duine bho Ghalltachd na h-Alba, a bha nan tuathanaich no gun chosnadh,

cuide ris na Gàidheil. Bha iadsan cuideachd a' sireadh talamh, is beatha na b' fheàrr dhaibh fhein 's dhan teaghlachan, an dèidh a bhith air an ruagadh leis a' bhochdainn. An dèidh 1830 chaidh iomadach Albannach a dh'Astràilia is a Shealan Nuadh cuideachd. Thathas a' tuairmse gun deach mu chairteal a' mhilleann Albannach dha na dùthchannan sin eadar 1830 agus 1900. Mu 1850, b' e Albannaich a bha ann an cairteal de dh'àireamh-sluaigh Shealan Nuadh.

Bha suaile mhòr eile de dh'eilthireachd a ghabh àite aig toiseach an 20mh linn agus anns na bliadhnaichean an dèidh a' Chiad Chogaidh. Dh'fhalbh mu 300,000 Albannach anns na 1920an. Dh'fhalbh mòran às na h-Eileanan, air longan eilthireachd mar an SS Mørloch agus an SS Metagama, is iad a' giùlan mu 600 neach-siubhail bho Loch Baghasdail an Uibhist, agus à Steòrnabhagh an Leòdhas, gu Albeartha agus Quebec.

Eadar 1831 agus 1931, thathas a' tuairmse gun do dh'fhalbh faisg air trì millean Albannach às an dùthaich gus a dhol a dh'àite às ùr. Choisinn iomadach duine dhiubh sin clù nan dùthchannan ùra – b' e rannsachair ainmeil à Steòrnabhagh a bh' ann an Alasdair MacCoinnich is chaidh Abhainn MhicCoinnich ann an Canada ainmeachadh às a dhèidh. B' e Iain Muir à Dùn Barra a stèidhich Pàircean Nàiseanta Ameireaga. B' e mac tè de dh'eilthirich Leòdhais a th' ann an Ceann-suidhe nan Stàitean, Dòmhnall Trump, san latha an-diugh.

GNÌOMH

1. **Faigh a-mach a bheil càirdean agad fhèin a bha nan eilthirich. Carson a dh'fhalbh iad agus càit an deach iad?**
2. **Dèan rannsachadh air Albannaich a dh'fhàs ainmeil an dèidh an eilthireachd sa bhaile agad fhèin.**



LOIDHNE-TÌM

1603

Aonadh nan Crùn an Alba agus Sasainn.

1707

Achd an Aonaidh, nuair a thàinig an dà stàite, Alba agus Sasainn, gu bhith nan aon – An Rìoghachd Aonaichte.

1776

Glaodhach Neo-eisimileachd, a' stèidheachadh Na Stàitean Aonaichte.

1867

Ùghdaras Chanada, colonaidd fèin-riaghlaidh de Bhreatainn.

1900

Achd Bun-stèidh Co-fhlaitheas Astràilia air Aonta Rìoghail fhaighinn ann am Pàrlamaid Bhreatainn.

